
Semeastar 2 2016-17

BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta
BA Cànan agus Cultar
BA Gàidhlig agus Leasachadh
BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	Bàrdachd bho 1900
Còd a' Mhodail:	UQ508493
Là is Ceann-là	Diluain 15 Cèitean 2017
Uair/Ùine:	09.25 - 11.30

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Tha faclairean ceadichte airson na deuchainn seo. Chan eil teacsannan sam bith eile ceadichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn. Faodar notaichean a sgrìobhadh anns na còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh (far a bheil e iomchaidh, faodar dealbhan a dhèanamh le peansail).

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 8 ceistean anns an deuchainn seo agus feumaidh tu **2** dhiubh a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanaich** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhair-fhreagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh

Freagair DÀ cheist.

Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no thrì bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile gu lèir.

1. Seall mar a tha co-dhiù aon bhàrd à sgoil na 'nua-bhàrdachd' agus co-dhiù aon bhàrd 'traidiseanta' a' làimhseachadh an aon chuspair (no na h-aon chuspairean).

2. Ciamar a tha Nàdar ga chleachdadh gu samhlauchail ann an obair dithis bhàrd a sgrìobh an dèidh 1900?

3. "Chaill bàrdachd Ghàidhlig a ceòl nuair a thòisich na nua-bhàird". A bheil seo fìor, no a bheil ceòl fhathast ri chluinntinn?

4. Dè na cultaran a tha a' strì ri chèile ann am bàrdachd Ghàidhlig an 20mh linn?

5. An e poilitigs an t-saoghail mhòir no poilitigs na h-Alba as motha a tha air aire nam bàrd Gàidhlig bho 1900 air adhart?

6. An ann a' caoidh, a' càineadh no a' cnuasachadh nan coimhearsnachdan dham buineadh iad a tha na bàird anns a' chruinneachadh *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig*?

7. A bheil nua-bhàrdachd Ghàidhlig air a cùl a chur ri creideamh?

8. Ann am bàrdachd an ath-bheothachaidh, dè chaidh ath-bheothachadh?

Deireadh a' phàipeir